

## 2020 Air Fàire: A' Stèidheachadh Seasmhachd airson na Gàidhlig

(Air a chur a mach as leth Bòrd na Gàidhlig)

Tha an ùine eadar seo agus a' bhliadhna 2020 cudromach airson stèidh sheasmhach a thoirt dha cànan is cultar na Gàidhlig.

Seo an teachdaireachd a thug Bòrd na Gàidhlig seachad aig a' chiad cho-labhairt nàiseanta aca ann an Inbhir Narann an-diugh, is iad a' toirt sùil mhionaideach air dealbhadh cànan. Chaidh innse dhan fheadhainn an làthair gum feumadh cleachdadh na Gàidhlig leudachadh agus àrdachadh ann an ionnsachadh ma tha Gàidhlig gu bhith buan. Chuir luchd-labhairt luach air dealbhadh stiùirichte innleachdail a tha a' ceangal gu h-èifeachdach le feumalachdan choimhearsnachdan.

Chuir a' cho-labhairt impidh air an luchd-èisteachd beachdachadh air an dleastanas aca fhèin ann a bhith a' brosnachadh agus a' leasachadh a' chànan san àm air toiseach. Sheall am Bòrd an cuideam a tha e a' cur air òigridh ann an leasachadh cànan, le bhith iarraidh air dithis Gaidheal òga na beachdan aca fhein a thoirt seachad air dè bha iad fhèin ag iarraidh fhaicinn ann an 2020.

Bha Peadar Peacock BPA, Ministear Foghlam agus Oigridh a' gabhail pàirt anns a' cho-labhairt. Thuirt e: " 'S e clach-mhìle eile a th' anns a' chiad Cho-labhairt aig Bòrd na Gàidhlig ann an leasachadh na Gàidhlig agus tha mi a' cur fàilte air cuspair na co-labhairt: dealbhadh cànan.

'S e co-bhanntachd a th' ann am Bòrd na Gàidhlig eadar an Riaghaltas agus coimhearsnachd na Gàidhlig agus tha mi làn mhisneachd gun neartaich a' cho-bhanntachd seo Gàidhlig ann an Alba. 'S e mo mhiann airson an àim ri teachd gun cumar Gàidhlig beò sna teaghlaichean, gun tèid a brosnachadh sna sgoiltean agus gun tèid a cleachdadh gu mòr sna coimhearsnachdan."

Thuirt Cathraiche a' Bhùird, Donnchadh MacFhearghas: "'S e àm gu math cudromach airson na Gàidhlig an-dràsta, le dreach Bile na Gàidhlig air stairseach na Pàrlamaid. Chan urrainn dhuinn an cothrom seo a chaitheamh. Ged a rinn sinn air tòrr adhartais anns a' chiad bhliadhna, tha grunn cheuman fhathast ri ghabhail, agus tha sinne làn den bheachd gum bi a' cho-labhairt seo mar toiseach toiseachaidh air faighinn thairis air na ceuman seo.

“Dhearbh rannsachadh a dh’ iarr Bòrd na Gàidhlig air MRUK a dhèanamh an uiridh gu bheil tòrr taic agus dòchas air feadh na dùthcha airson na Gàidhlig. Feumaidh sinn brath a ghabail den fhaireachdain seo, agus deisealachadh airson an àm ri teachd far a bhios Gàidhlig na cànan maireannach coimhearsachd.”

Chaidh fhoillseachadh gu bheil stòras sònraichte - luach £225,000 air a chiad bhliadhna - air a chruthachadh le Bòrd na Gàidhlig agus Comhairle nan Ealan airson pròiseactan ùra ceangailte ris na h-ealain agus dualchas na Gàidhlig a bhrosnachadh. Bidh an stòras air a ruith leis a’ bhuidinn GASD (Gaelic Arts Strategic Development) a tha na cho-roinn de stiùirichean agus buill grunn bhuidhnean Gàidhlig a tha air am maoineachadh le Comhairle nan Ealan.

A bharrachd air seo, thug am Bòrd fiosrachadh seachadh air maoineachadh £2.3m a chosg e air leasachadh na Gàidhlig sa chiad bhliadhna aige. A-measg seo chaidh £882,540 a thoirt seachad gu 81 pròiseactan air-leth, le 13 buidhnean no iomairtean a’ faighinn tabhartasan bliadhnail luach £1,450,600. Tha liosta dhen a taic gu lèir ri fhaighinn an cois seo.

Thuir Mgr MacFhearghais: “S e pàirt mhòr de obair a’ Bhùird a th’ ann an rianachd tabhartasan Riaghaltas na h-Alba, agus tha sinn uabhasach toilichte an taic a thoirt seachad a chuireas cànan agus cultar Gàidhlig aig teas meadhan na h-Alba an latha an-diugh. Tha sinn a’ faighinn brosnachadh airson leantailachd na Gàidhlig bho mheudachd agus iomadachd nam pròiseactan air feadh na dùthcha.

## **CRIOCH**

Tuilleadh fiosrachaidh bho Iagan MacNeil, KDMedia 0131 624 9840 / 07778 798 398. Faodar dealbhan an asgaidh on cho-labhairt fhaighinn le bhith fonadh na h-àireamhan gu h-àrd.

## **Puingean dha Luchd-deasachaidh**

Chaidh Bòrd na Gàidhlig a chruthachadh anns aa’ Ghiblein 2003 le Riaghaltas na h-Alba, airson seasmhachd a thoirt don Ghàidhlig agus a cultar an Alba san àm air thoisich.

Bithear a’ sùileachadh gun leasaich is gun glèidh Bòrd na Gàidhlig plana ro-innleachdail airson leasachadh na Gàidhlig. Suidhichidh am plana nàiseanta airson Gàidhlig cuimsean is amasan a’ Bhùird,

a phrìomhachasan, a thargaidean agus a chomharran coillionaidh, a' gabhail a-steach cheuman mu, is mìneachadh air a phrògraman airson breithneachadh is measadh a phoileasaidhean.

Bidh obair Bòrd na Gàidhlig a' gabhail a-steach: deasachadh phlanaichean nàiseanta airson na Gàidhlig; àrdachadh a' chànain; stiùireadh gu nàiseanta; co-òrdanachadh is buileachadh; agus co-obrachadh le buidhnean poblach eile.

Airson tuilleadh fiosrachadh air Bòrd na Gàidhlig thig gu [www.bord-na-gaidhlig.org.uk](http://www.bord-na-gaidhlig.org.uk)